

Candidate evidence

Stimulus: "An ath-fiadhachadh de Bhreatain"

An ath-fiadhachadh de Bhreatain

Ann na nuadh-laithean an-diugh tha barrachd cuideam a bhith a' cuir air an arainneachd agus ciamar am b' urrain dhuinn a' glèidheadh. Ann an Alba, tha rud annasach air tachairt, air sgath' s gu bheil a mhòr chuid de beathaichean againn air bàsachadh, tha ath-fiadhachadh a tachairt an àite glèidheadh. An-diugh tha tòrr dhiofar ainmhidhean a bha againn air a bhith ath-thilleadh gu Alba, mar iolairean-mara, bìobhairean agus còirneachan. Ach chan eil a h-uile duine toilichte leis na beathaichean ùra seo, tha tuathanaich an aghaidh an ath-thilleadh de chreachachan mar iolairean air sgath's bidh iad a' sealg na h-uain aca. Tha deagh argamaidean aig gach taobh a tha a' sealltainn cùisean leis an arainneachd againn.

Airson toiseachadh, tha e cudromach gus tuigsinn de bha Alba coltach ris 6,000 bliadhnaichean air ais, bha craobhan air feadh an-aite (fiù's anns a' Ghàidhealtachd) agus bha beathaichean mar madaidhean-allaidh agus mathain ann. Ged nach b' urrain na beathaichean cunnartach agus mòr a' fuireach anns an aon àiteachan againn anns na làithean an-diugh, bha fhathast buaidh donna ann nuair nach robh iad ann. A-nis tha na féidh na thrioblaid air sgath' s chan eil beathaichean son a' sealgadh iad, tha seo dona air oir bidh tòrr a bharrachd féidh ann agus air sailibh seo, bidh an sluaigh aca a' toirt suas barrachd rùm agus ag ithe barrachd lusan. Ach tha eagrachas leis an t-ainm "Rewilding Britain" a' feuchainn ri toirt beathaichean eile mar iolairean-mara agus lince eòrpach airson a' cumail smachd air an sluaigh aig na féidh.

Tha buannachdan eile ann son an ath-thilleadh de bheathaichean a bh' againn nach eil dìreach co-cheangailte ri sluaigh na féidh. Mar eisimpleir, tha Alba a' brosnachadh ath-thilleadh airson' s gum bi turasachd nas fhèarr ann. Bidh turasachd nas fhèarr ann air sgath bhios Alba fhaighinn cliù nas fhèarr airson an

eag-shiostam a th' againn, bidh seo a' leantainn gu barrachd ùidh aig daoine airson a bhith a' dol gu Alba agus a' brosnachadh an eaconamaidh againn. Tha e cuideach tòrr nas fhèarr son arainneach, air sgath' s tha iad cuideachd a' cur craobhan ann an aiteachan far an robh coillteachd anns na làithean-seachad. Bidh seo a' cuideachadh le atharrachadh gnath-shìde air sgath tha e a' gearradh sìos air eimiseanan CO₂, bidh na chraobhan a' cleachdadh an CO₂ airson a' dèanamh oigseadan a bhios a' dol san arainneachd. Bhiodh am fàs de chraobhan cuideachd a' brosnachadh fiadh-bheatha eile, air sgath' s bidh craobhan a' toirt biadh airson meanabh-bhiastagan agus na h-eòin, is bidh craobhan a' toirt fàthachd ri fèoragan is na h-eòin.

Tha trioblaidean ann cuideachd le feadhainn de bheathaichean a tighinn air ais. Thairis air eachdraidh bha trioblaid aig tuathanaich Albanach le diofar beathaichean a bha ag ithe an sprèidh aca, gu h-àraid iolairan-mara a bhios ag ithe na h-uain aca. Anns na làithean bhictorianachd bha gunnaichean a-nis cumanta agus nuair a fhuair tuathanaich iad chaidh na iolairan a' shealg sìos. 'S e rud millteach a bh' ann airson an arainneachd ach tha an trioblaid fhathast ann an diugh le tuathanaich ag aragamaid gur e rud tubaisteach a bh' ann ath-thilleadh na h-iolairan.

Cuideachd, tha tubaistean nas motha ann le ath-thilleadh. Am fear as foilleasach gur e rud chosgail a th' ann, air sgath' s tha feum aca faighinn an aon seòrsa de beathachd bhon dùthaich eile ('s e an eòrpa am fear as cumanta) agus gan ghiùlain iad gu Alba. Tha e cuideachd cosgail a fàs craobhan o chionn' s gu bheil iad a' toirt uine fada ri fàs. Chan eil grad-prothaid ann cuideachd, 's mar sin, biodh e uine fada gus am bidh an sgeama seo a' dèanamh airgead sam bith. 'S e dleastanas mhòr a th' ann gu h-àraid anns an eaconamaidh an-diugh far nach eil mòran ann airson a' dol a-mach.

Anns a cò-dhunadh, 's e ath-thilleadh na h-amas math airson an àm ri teachd, ach an-dràsta, tha trioblaidean is urrainn fhuasglaidhean fhaighinn an-toiseachd, mar a'

cuir suas dìon an aghaidh iolairan airson na tuathanaichean. Ach 's e ath-fhiadhachadh Alba am prìomh amas a bu choir dhuinn feuchainn ri dhèanamh gus Alba a' leasachadh.

Cunntadh-facail: 694

<https://www.heraldscotland.com/news/13059366.farmers-fury-attacks-sea-eagles/>

<https://www.rewildingbritain.org.uk/why-rewild/benefits-of-rewilding/why-we-need-rewilding>